



▲ An Srath Mòr • © SNH

'S e measadh a bhios a' tachairt bho àm gu àm air staid nan sgìrean dùthchail air feadh na Rìoghachd Aonaichte, a th' anns an t-Suirbhidh Dùthchail. Chaidh toraidhean na h-Alba airson nam bliadhnaichean 1990, 1998 agus an suirbhidh mu dheireadh a chaidh a dhèanamh ann an 2007 fhoillseachadh le Ministear na h-Àrainneachd aig Fèill Rìoghail na Gàidhealtachd ann an Dùn Èideann air 25 Ògmhios 2009.

Tha measadh na h-Alba stèidhte air suirbhidh a tha a' sgrùdadh mu thimcheall air sampall de 200 ceàrnag gach tè dhiubh a tha 1cm x 1cm, a tha a' riochdachadh na h-iomadachd a th' ann an geòlas, cruth talmhainn agus aimsir. Tha an suirbhidh a' tomhais mar a tha àrainnean ag atharrachadh agus cho bitheanta 's a tha seo. Mar phàirt dhen seo bithear a' sgrùdadh mòinteach le fraoch; an staid eigeòlais, air a thomhais le comharraidhean lus-eòlais; fad agus staid comharraidhean structarail an deilbh-tìre, leithid callaid agus ballaichean; searbhachd, na tha de ghualan agus doimhneachd na talmhainn uachdraich (gu doimhneachd 15cm); agus comharraidhean geòlais uillt agus lòn.

Tha buil an t-Suirbhidh Dhùthchail a' toirt bunait dhan Rìaghaltas agus soirbheas nan targaidean a mheas, mar eisimpleir a bhith a' cur stad air crìonadh bith-iomadachd ro 2010, agus a' cumail sùil air mar a tha staid nan sgìrean dùthchail ag atharrachadh tro a bhith a' coimhead ri gnothaichean leithid iomadachd lus-eòlais agus mar a tha àrainnean gan call.

Tha sgìrean dùthchail na h-Alba ag atharrachadh air sgàth eileamaidean a tha ag obair thairis air trì raointean-ama farsaing: a) san ùine-ghoirid, leithid mar a tha atharrachaidhean bliadhnaile ann an iartasan na margaidh a tha ag adhbhrachadh atharrachaidhean ann an siostaman nan tuathanach; b) san ùine- mheadhanach, leithid a bhith a' cur agus a' leagail chraobhan; agus c) san ùine-fhada mar a tha eachdraidh chultarail agus buaidhean àrainneachdail air truailleadh agus atharrachadh na h-aimsire.

**'S iad seo na prìomh thoraidhean an t-Suirbhidh Dhùthchail eadar 1998 agus 2007:**

- An t-atharrachadh bho thalamh àitich gu talamh feurach nas fheàrr; thàinig lùghdachadh de 14% air talamh àitich/gàirnealachd agus thàinig àrdachadh de 9% air na bh' ann de thalamh feurach nas fheàrr.
- Thàinig àrdachadh de 9% air coilltearachd chraobhan le duilleag leathainn/coilltean measgaichte, agus seo mar thoradh air plantachadh ùr agus iomadachd ann an coille uaine mhaireannach far an deach craobhan a' leagail. Anns a' chumantas 's e a' chuairt leagail chraobhan a bh' air cùl an lùghdachaidh de 7% air farsaingeachd coilltearachd uaine maireannach. Anns an t-Suirbhidh Dhùthchail, chan eileas a' comharrachadh còmhachd lùsanach mar choille gus am bi an t-uachdar aige a' ruighinn 25% agus nuair a bhios na craobhan nas àirde na meatair de dh'àird'.

Chan urrainnear comas dìreach a dhèanamh eadar na toraidhean agus staitistig coilltearachd air sgàth eadar-dhealachaidhean anns na dòighean sgrùdaidh.

- Thàinig àrdachadh de 8% air talamh feurach searbh agus chuir seo às dha iomadach àrainnean, nam measg talamh mòintich agus coilltean uaine maireannach
- Thàinig lùghdachadh de 9% air fad challaidean. Bhathas a' meas gun robh an treas cuid de challaidean a bh' air an riaghladh ceart, ann an deagh staid structarail ann an 2007. Thàinig lùghdachadh de 22% air beairteas nan gnèthan a bha rin lorg ann an oirean challaidean. Bha seo a' gabhail a-steach lùghdachadh 22% anns na lusan a bhiodh eòin (22%) agus dealain-dè ag ithe (21%).
- Thàinig ìsleachadh air searbhachd na talmhainn uachdraich (doimhneachd 0-15cm; dh'èirich am pH bho 5.02 gu 5.09), a' dearbhadh gun robh an searbhachd a bha air a bhith ann bho chionn bhliadhnaichean a' falbh beag thar bheag.
- Thàinig lùghdachadh air a' ghualan a' bh' anns an talamh uachdraich eadar 1998 agus 2007 ach cha robh atharrachadh sònraichte ann eadar 1978 agus 2007. Bha an àireamh de ghualan a' dol bho 47t/gach heactair ann an talamh àiteachais gu 82t/gach heactair air talamh mòintich.
- Dh'fhàs an àireamh de gnèthan maireannach farpaiseach (leithid dheanntagan agus dhrisean) 2%. 'S e an dìon a thathas a' cur air na h-uillt agus mar a thathas a stèidheachadh choilltean pàirt dha na tha air cùl nam builean seo. Dh'fhàs an àireamh de gnèthan lusan farpaiseach a bha ri fhaighinn slighe nan allt 1%; ach thàinig lùghdachadh de 12% air a' bheairteas gnèthan a bh' ann gu lèir. Anns na coilltean, mheudaich an àireamh de gnèthan lusan farpaiseach 5%; ach thàinig lùghdachadh de 18% air beairteas nan gnèthan gu lèir.
- Thàinig lùghdachadh de 10% air iomadachd lus-eòlais (air clàr beairteis staid gnèthan) air feadh nan sgìrean dùthchail (14% ann an àitean sreathach, leithid aig oir rathaidean agus lùghdachadh de 12% ann an àitean a

chaidh an taghadh airson comharraidhean lus-eòlais). Bidh lusan àrd ann an àrainnean fosgailte, dualtach a bhith a' cur às do ghnèthan nach eil farpaiseach agus a tha coltach ri luibhean a bhios a' fàs aig ìre ìseal, agus a dh'fheumas talamh fheurach ghoirid a th' air a cumail tro ionaltradh airson tighinn beò. Thàinig lùghdachadh de 8% air an àireamh de lusan a bhiodh na h-eòin agus na dealain-dè ag ithe. Thàinig lùghdachadh de 3% air lusan a thèid gu talamh fosgailte. Thàinig lùghdachadh de 2% air gnèthan a bhiodh beò ann an suidheachaidhean torach.

- Thàinig piseach air comharraidhean tìre agus bith-eòlasach nan uillt cinn. Thàinig meudachadh de 9% air beairteas gnèthan lusan ann an uillt cinn. Bha seo a' gabhail a-steach lusan air an toireadh beathachadh buaidh. A rèir na chunnacas a bha tachairt ann an coimhearsnachdan lusan (a rèir òrdugh bìdhe) thàinig àrdachadh de 6% air staid uillt cinn, a' sealltainn gun robh beairteas de bheathachadh a' lùghdachadh.
- Dh'fhàs an àireamh de lòin 6%, gu h-àraidh air talamh ìseal. Bha iomadachd àrd de 10% ann an cuid de na lòin.

Anns an fharsaingeachd thairis air na deich bliadhna a chaidh seachad tha piseach air tighinn air staid eigeòlach nan allt, tha lùghdachadh air tighinn air searbhachd na talmhainn agus tha ùrachadh choilltean a thaobh duilleagan leathainn air a bhith a' dol air adhart. Chan eileas a' coimhead às dèidh nan sgìrean dùthchail mar a b' àbhaist agus tha seo follaiseach le callaidean mi-sgiobalta agus ri linn seo, lùghdachadh ann an bith-iomadachd cuid de sgìrean dùthchail fosgailte.

'S e Comhairle Rannsachaidh na h-Àrainneachd Nàdarra agus Defra a tha a' stiùireadh nam buidhnean a th' air cùl an t-Suirbhidh Dhùthchail. Thathas a' faighinn taic-airgid bho Riaghaltas na h-Alba agus bho Dhualchas Nàdair na h-Alba agus tha iad a' riochdachadh ùidh sluaigh na h-Alba air a' Bhòrd, a' Bhuidheann Stiùiridh agus Buidhnean Chuspairean. Tha an Suirbhidh air a bhuileachadh tron Ionad airson Eigeòlas agus Eòlas Uisge.

Gheibhear barrachd fiosrachaidh agus toraidhean air làrach-lìn an t-Suirbhidh Dhùthchail ([www.countrysidesurvey.org.uk](http://www.countrysidesurvey.org.uk)).

